


A' togail Alba Ùr: Imrich a dh'Alba às dèidh neo-eisimeileachd

BUILDING A NEW
SCOTLAND



Geàrr-chunntas

Tha an geàrr-chunntas seo a' cur an cèill molaidhean Riaghaltas na h-Alba airson poileasaidh imrich ann an Alba neo-eisimeileach. Tha e:

- a' cur an cèill ar lèirsinn airson poileasaidh imrich daonna agus prionnsabailt às dèidh neo-eisimeileachd, a' cur fàilte air Albannaich ùra a tha airson cur ris an eaconamaidh agus ris na coimhearsnachdan againn
- a' mìneachadh mar a rachadh fàilte a chur air luchd-siridh comraich agus fògarraich agus mar a ghabhadh an toirt a-steach do na coimhearsnachdan, agus an làimhseachadh le urram agus spèis

Tha an aithisg shlàn a' toirt seachad barrachd mion-fhiosrachaidh mu na molaidhean seo, mion-sgrùdadh air an fhianais a tha gam fiosrachadh, a bharrachd air iomraidhean air tùsan.

Ro-ràdh

Chaidh Alba a chumadh le imrich agus, gu h-eachdraidheil, bha sin a' ciallachadh gun robh Albannaich òga a' fàgail an dachaigh airson beatha a thogail ann an àiteachan eile. Ach tha imrich bho chionn ghoirid, gu sònraichte imrich bhon Aonadh Eòrpach (AE) thairis air an 20 bliadhna a dh'fhalbh, air cuideachadh gus seo atharrachadh. Tha Alba air a dhol bho bhith na dùthaich a tha ag às-mhalairt dhaoine gu h-iomlan, le dùil ri crìonadh san àireamh-sluaigh, gu dùthaich le àireamh-sluaigh a tha a' fàs, sealladh nas eadar-nàiseanta agus comann-sòisealta a tha nas beartaiche gu cultarach agus a tha nas eadar-mheasgte.

Ach, tha sin a-nis ann an cunnart mar thoradh air dòigh-obrach 'àrainneachd nàimhdeil' riaghaltas Westminster a thaobh imrich agus mar a dh'fhàilig poileasaidh in-imrich na RA aghaidh a thoirt air suidheachadh sluaigh sònraichte na h-Alba.

Tha poileasaidh imrich na RA cuideachd a' dèanamh cron air gnìomhachas agus air an eaconamaidh san fharsaingeachd. Tha fianais a tha a' tighinn am bàrr a' sealltainn gu bheil gainnead luchd-obrach ann an cuid de roinnean - biadh is deoch, mar eisimpleir - agus gu bheil iad a' strì gus dreuchdan bàna a lìonadh.

A dh'aindeoin na deagh bhuaidh aig imrich thar nam bliadhnachan mu dheireadh, thathar an dùil gun tòisich sluaigh na h-Alba air tuiteam a-rithist taobh a-staigh an ath dheich bliadhna. Feumaidh sinn fuasglaidhean airson seo agus airson atharrachadh

deamografach nas fharsainghe, leis gu bheil sluaigh na h-Alba, coltach ri iomadh dùthaich leasaichte eile, a' fàs nas sine. Gu dearbh, is i Alba an aon dùthaich san RA far a bheilear an dùil gun lùghdaich an dà chuid an àireamh-sluaigh iomlan agus an àireamh-sluaigh aig aois obrach.

Dòigh-obrach ùr

Bheireadh neo-eisimeileachd smachd do dh'Alba air poileasaidh imrich a chuidicheadh gus fàs a thoirt air an àireamh-sluaigh. Dhealbhamaid siostam imrich daonna, urramach agus prionnsabalta agus dhiùltamaid gu h-iomlan an 'àrainneachd nàimhdeil' aig Westminster.

Tha na molaidhean sa phàipear seo ag amas air builean matha a libhrigeadh do na coimhearsnachdan agus seirbheisean poblach againn – agus gu cudromach do na daoine a tha airson a bhith a' fuireach, ag obair agus a' togail an teaghlaichean ann an Alba. A bharrachd air a bhith a' neartachadh Alba gu cultarach, tha daoine a tha air taghadh a bhith a' fuireach agus ag obair an seo a' cuideachadh le bhith a' toirt fàs air an eaconamaidh againn – bidh iad a' cuideachadh le bhith a' fuasgladh gainnead sgilean ann am prìomh roinnean agus a' cur gu mòr ri fàs an t-sluaigh againn.

Bhiodh dòigh-obrach an riaghaltais seo cuideachd freumhaichte ann an cothromas airson Ceann a Deas na Cruinne. Dh'ionnsaicheamaid bho leasan sgainneal Windrush agus dhèanamaid cinnteach gum biodh dìon làidir air còraichean imrichean. Tha seo a' gabhail a-steach a bhith toirt air falbh chnapan-starra leth-bhreitheach gus am bi cothrom co-ionann aig daoine bho Cheann a Deas na Cruinne air siostam imrich na h-Alba.

Às dèidh neo-eisimeileachd, bhiodh an riaghaltas seo a' cumail saorsa gluasad taobh a-staigh na Roinn Siubhail Choitcheann, a' riochdachadh nan ceanglaichean le ar nàbaidhean as fhaisg san RA agus an Èirinn.

Aon uair 's gum bi e comasach ballrachd a bhith aig Alba san AE a-rithist, tòisichidh saor-ghluasad de dhaoine taobh a-staigh na h-Eòrpa mar co-chòir do shaoranaich na h-Alba a bhith a' fuireach agus ag obair ann an Roinn Eaconomach na h-Eòrpa (EAA) agus do shaoranaich an EEA a bhith a' fuireach agus ag obair ann an Alba.

Slighe gus bhìosa fhaighinn

Le neo-eisimeileachd, do dhaoine aig nach eil còraichean air saor-ghluasad, bhiodh Riaghaltas na h-Alba a' tabhann raon de shlighean bhìosa a bhiodh a' toirt taic do dhaoine a bhith a' fuireach, ag obair no ag ionnsachadh ann an Alba, no a bhith a' tadhal air no a' tasgadh an seo.

'S e seòrsa ùr de bhìosa a bhiodh anns a' **phrìomh shlighe 'Fuirich ann an Alba'**, a' toirt cothrom do dhaoine a bhith a' fuireach agus ag obair ann an Alba còmhla ri an teaghlaichean gun sponsaireachd bho fhastaiche, ma choileanas iad slatan-tomhais a tha air am mìneachadh ann an riaghailtean in-imrich na h-Alba. Dh'aithnicheadh am

bhìosa seo raon farsaing de dh'fheartan a' gabhail a-steach aois, foghlam, sgilean agus eòlas obrach, comas cosnaidh agus comas cànan – agus dh'fhaodadh e a bhith a' gabhail a-steach cothrom creideas fhaighinn airson Gàidhlig cho math ris a' Bheurla. Bhiodh an t-slighe Fuirich an Alba cuideachd a' gabhail a-steach eileamaid stèidhichte air àite, a' toirt taic do dh'imrich gu coimhearsnachdan iomallach, dùthchail agus eileanach taobh a-staigh na h-Alba, mar sin a' cuideachadh le bhith a' cur aghaidh ri crìonadh-sluaigh.

Chruthaich eadh **bhìosa ùr 'Ceanglaichean Albannach'** slighe ùr sa bhad às dèidh neo-eisimeileachd do dhaoine le ceangal ri Alba a bhith a' tilleadh no a' fuireach an seo. Tha seo a' gabhail a-steach:

- daoine a bha a' fuireach ann an Alba gu laghail roimhe fad co-dhiù còig bliadhna
- daoine le ceangal sinnsireil tro phàrant no sean-phàrant ag atharrachadh slighe bhìosa Sinnsireil na RA, a tha fosgailte an-dràsta do shaoranaich a' Cho-fhlaitheis a-mhàin
- ceumnaichean a rinn an ceum ann an Alba, ag atharrachadh agus a' leudachadh gu mòr slighe bhìosa Ceumnaiche na RA
- Nàiseantaich Bhreatannach nach eil nan saoranaich Bhreatannach, ag atharrachadh agus a' leudachadh beagan air bhìosa Nàiseanta Bhreatainn (Thall-thairis) na RA airson Hong Kong, gus a bhith a' gabhail a-steach cuideachd an àireamh mòran nas lugha de nàiseantaich à tìrean thall thairis na RA

Is e slighe bhìosa còig bliadhna a bhiodh ann an seo, le còmhnaidh agus saoranachd aig an deireadh ma thathar ga iarraidh.

Bhiodh an **t-slighe 'Obair ann an Alba'** a' cumail slighe bhìosa le taic fastaiche, le riaghailtean nas sìmplidhe gus leigeil le barrachd luchd-fastaidh eadar-obrachadh leis an t-siostam in-imrich agus gus leigeil leotha fastadh gu h-eadar-nàiseanta. Chumadh sinn oirnn le agus leudaicheadh sinn **slighe bhìosa neach-obrach ràitheil**, a' toirt air falbh an fheum air luchd-obrach a bhith ceangailte ri aon fhastaiche, a' lùghdachadh a' choltais gun tèid brath a ghabhail orra.

A thaobh a bhith a' tàladh oileanaich eadar-nàiseanta, tha an sgeama bhìosa còig bliadhna ùr Ceanglaichean Albannach a' dol an àite a' bhìosa obrach dhà-bhliadhna às dèidh ceumanachaidh, a tha Riaghaltas na RA a' tabhann an-dràsta. Tha seo a' ciallachadh gum b' urrainn do luchd-ceumnachaidh eadar-nàiseanta bho oilthighean Albannach tagradh a dhèanamh dìreach às dèidh an cùrsa ionnsachaidh aca airson fuireach ann an Alba agus a bhith ag obair ann fad còig bliadhna eile.

A thaobh bhìosa teaghlaich, bheireadh an riaghaltas seo air falbh an riatanas teachd-a-steach as ìsle a bhith ann airson imrich teaghlaich, a chaidh a thoirt a-steach mar phàirt de dhòigh-obrach 'àrainneachd nàimhdeil' riaghaltas Westminster. Dhèanadh seo cùisean na b' fhasa do theaghlaichean Alba a thaghadh mar àite-fuirich, agus chumadh e taic cuideachd ri ath-aontachadh teaghlaich.

Bhiodh iom-fhillteachd an t-siostam in-imrich air a lùghdachadh cuideachd airson tagraichean, le cìsean bhiosa air an suidheachadh aig ìre a nì cinnteach gum faighear làn chosgais air ais ach nach bi a' feuchainn ri teachd-a-steach a dhèanamh. Dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh sàbhaladh de chòrr is £1,000 do neach fa leth a tha a' cur a-steach airson bhiosa fad-ùine do neach-obrach sgileil, an taca ri ìrean làithreach na RA. Tha bhìosathan obrachaidh air an sponsaireadh airson suas ri trì bliadhna, bhìosathan airson obraichean far a bheil gainnead luchd-obrach ann agus bhìosathan slàinte is cùraim gu math nas saoire ach fhathast nas àirde na a' chosgais de bhith a' toirt seachad na seirbheis agus mar sin, tha an neach-tagraidh a' sàbhaladh airgead.

Dòigh-obrach ùr a thaobh poileasaidh fògarraich is comraich

Ann an Alba neo-eisimeileach, dhèanadh an riaghaltas seo atharrachaidhean air poileasaidh comraich agus fògarraich, a' stèidheachadh an dà shiostam ann an prionnsabalan chòraichean daonna agus co-ionannachd agus ann an riaghaladh an lagha. Bhiodh cuideam air amalachadh agus taic - a rèir ar ro-innleachd ùr Albannach - bhon chiad latha aca ann an Alba.

Eu-choltach ri poileasaidh làithreach na RA, bhiodh còir aig luchd-siridh comraich air obrachadh, bhiodh cothrom aca air taic fastaidh agus taic phoblach tro, mar eisimpleir ar siostam tèarainteachd shòisealta, a' lùghdachadh a' choltais gum biodh iad ann an droch bhochdainn.


Gheibheadh an fheadhainn a gheibh inbhe mar fhògarraich inbhe còmhnaidh an Alba. Bheireadh seo taic do dh'inntigeachd san fhad-ùine agus lùghdaicheadh e am feum air fògarraich a dhol tro phròiseasan rianachd a bharrachd gus fuireach ann an Alba gu maireannach.

Mu dheireadh, bhiodh slighean sàbhailte is laghail rim faighinn do dhaoine air am far-fhuadachadh agus do dh'fhògarraich, gu ìre mar aithne air a' cheist a tha a' fàs a thaobh fògarraich na gnàth-shìde. Gheall an riaghaltas seo conaltradh a dhèanamh le dùthchannan com-pàirteach agus coimhearsnachdan a tha ann an cunnart a bhith air am far-fhuadachadh bho atharrachadh gnàth-shìde gus sgrùdadh a dhèanamh am biodh bhiosa daonnachdail na phàirt den dòigh-obrach nas fharsainge againn a thaobh ceartas gnàth-shìde.

Co-dhùnadh

Tha imrich na chuspair ro-chudromach do dh'eaconomaidh na h-Alba, do leas nan coimhearsnachdan againn, do shoirbheas nan coimhearsnachdan, agus do sheasmhachd nan seirbheisean poblach againn.

Bheireadh neo-eisimeileachd cothrom do dh'Alba dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidh imrich stèidhichte a rèir feumalachdan na h-Alba gus an urrainn do dh'Alba soirbheachadh.



© Riaghaltas na h-Alba, 2023

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an t-Sultain 2023

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant,
Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1376294 (11/23)